

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH SHÒNRAICHTE A' CHOIMISEIN AIR SKYPE AIR 5 CÈITEAN 2020

An làthair:	Rod Mackenzie	Neach-gairm
	Andy Holt	Coimiseanair
	Mairi Mackenzie	Coimiseanair
	Malcolm Mathieson	Coimiseanair
	Iain Maciver	Coimiseanair
	James Scott	Coimiseanair
	Billy Neilson	Coimiseanair
	Bill Barron	Àrd-Oifigear
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Mary Ross	Ceannard Obrachaidhean is Sgioba-obrach
	Jane Thomas	Ceannard Gèillidh is Sgrìobhair

1 LEISGEULAN AGUS FÀILTE

Chuir an Neach-gairm fàilte air na bha an làthair chun na coinneimh, a' mìneachadh an adhbhair airson a' choinneamh èigheach an-diugh, sna h-amannan neo-àbhaisteach seo.

2 ATH-SGRÙDADH GNÀTH-RIAGHAILTEAN

Mhìnich an Neach-gairm nach eil an tionndadh làithreach de na Gnàth-Riaghailtean do choinneamhan a' Choimisein a' toirt cothrom dhaibh a bhith a' gabhail àite ach aghaidh ri aghaidh. On nach eil sin comasach aig an àm seo mar thoradh air cuingealaidhean a' Choròna-bhìorais, thathar air iarraidh air Coimiseanairean atharrachadh aontachadh gus ceadachadh do choinneamhan Bùird a dhol air adhart ann an dòigh eileagtronaigeach no tele-co-labhairt, nuair a bhios sin riatanach.

Mhìnich an Neach-gairm gun robh feum air sùbailteachd an-dràsta, ach cha robh sin a' ciallachadh gum biodh an Coimisean a' gluasad gu coinneamhan eileagtronaigeach gu h-ìomlan. Chaidh ceist a thogail mu chothrom air coinneamhan leis a' phoball agus chaidh a dhearbhadh gun robh àrd-ùrlar ga chur air dòigh airson cothrom didseatach a thoirt don phoball gu coinneamhan Bùird, agus gum biodh sin deiseil airson na coinneimh air 14 Cèitean, mar sin chan e coinneamh dhùinte a bhiodh an sin. Ged nach biodh e comasach don phoball eadar-obrachadh le Coimiseanairean aig coinneamh Bùird, dh'fhaodadh gum meudaicheadh an t-àrd-ùrlar coimhead seo na h-àireamhan a' tighinn a-steach don choinneamh.

Bha gach neach a' gabhail ris, gum faodadh cùisean ceangalaidh fìor dhùbhlain a chruthachadh a thaobh conaltradh soilleir agus gum faod beàrnann ann an soilleireachd clainneach troimh-chèile adhbharachadh. Thug an Neach-gairm seachad dearbhadh gum biodh an dòigh seo air coinneamhan Bùird a chumail sealach / eadar-amail, gun deigheadh coimhead a-rithist ris na Gnàth-Riaghailtean san Lùnastal, agus gum b' e a dhleastanas-san dèanamh cinnteach gum biodh soilleireachd aig àm sam bith a dheigheadh Co-dhùnadh a ghabhail aig coinneamh Bùird.

Chaidh aontachadh gu bheil mòran a bharrachd de dhlùth-aire a dhith aig àm com-pàirteachaidh ann an coinneamh Skype, agus mar sin tha e cudromach coinneamhan a chumail cho goirid 's a ghabhas no amannan fois a ghabhail agus coinneamhan a bhith nan dà leth.

Air a' bhunait seo, dh'aontaich an Coimisean an ath-obair air na Gnàth-riaghailtean, Clàs 2.6. Thèid am pàipear ath-ùrachadh agus a chur air làrach-lìn a' Choimisein.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean an t-atharrachadh air clàs 2.6 de na Gnàth-Riaghailtean, a' ceadachadh don Choimisean coinneamhan a chumail air ceangal bhidio, tele-co-labhairt no modhan didseatach eile, agus ri ath-sgrùdadh san Lùnastal 2020.
-------------------	---

Thug an Neach-gairm taing do gach neach airson na coinneimh a fhrithealadh agus dhùineadh a' choinneamh aig 2:20f.

3 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

Thèid an ath choinneamh a chumail air Skype air 14 Cèitean 2020 aig 9:30m.